

Acainn Guth na h-Òigridh



A' Cumhachdachadh Guthan na h-Òigridh

Pasgan ghoireasan ghuth is com-pàirteachaidh òigridh do luchd-dreuchd a tha ag obair le clann is daoine òga thar sgoiltean is coimhearsnachdan

Buidheachas

Chaidh an goireas seo a leasachadh bhon phrògram shoirbheachail [Tosgairean Ceartas Sòisealta](#) taobh a-staigh Comhairle Shruighlea.

Tha mòran den ghoireas seo a' togail air na bun-bheachdan tùsail mu rannsachadh co-aisean, cumhachdachadh agus leasachadh sgilean.

Taing do luchd-obrach Com-pàirteachadh Òigridh Shruighlea a roinn goireasan gus taic a thoirt do chruthachadh na h-acainne seo, còmhla ri Buidheann Leasachaidh Guth Òigridh Roinneil Ghleann Fhoirthe agus Lodainn an Iar.



Clackmannanshire
Council



Falkirk Council



West Lothian
Council




Education
Scotland
Foghlam Alba



Amas a' ghoireis seo

Tha an goireas seo a' toirt taic do luchd-cleachdaidh gus cumhachd a thoirt do chloinn is do dhaoine òga gus am bi an guthan air an cluinntinn ann an sgoiltean, buidhnean òigridh agus suidheachaidhean coimhearsnachd, agus thar ùghdarrasan agus buidhnean ionadail.



Faodar an goireas seo a chleachdadh le structaran guth na h-òigridh a tha ann mar-thà agus feadhainn ùra, a' gabhail a-steach buidhnean ceannardais, comhairlean sgoilearan, fòraman òigridh, bùird churaidh agus pròiseactan tosgaire.



Prionnsabalan rannsachaidh co-aoisean

Bithear a' cleachdadh rannsachadh co-aoisean gus daoine òga a chuideachadh le bhith a' leasachadh sgilean agus misneachd ann a bhith a' bruidhinn ris an co-aoisean, gan comasachadh gus:

- Tuigse fhaighinn air cho cudromach sa tha guth na h-òigridh agus còraichean chloinne
- Obrachadh mar bhuidheann gus an co-aoisean a riochdachadh
- Ceistean a leasachadh, rannsachadh a dhèanamh, agus fios-air-ais co-aoisean a chruinneachadh air cuspair sam bith
- Ionnsachadh mu phrìomh thaobhan de rannsachadh, a' gabhail a-steach co-chomhairleachadh, dàta, dealbhadh agus mion-sgrùdadh.



Aithnich CUSPAIR



Conaltradh le
CO-AOISEAN

A' cleachdadh a' ghoireis seo

Faodaidh luchd-dreuchd an goireas seo atharrachadh mar a dh'fheumar, oir is dòcha nach bi cuid de na sleamhnagan freagarrach do na buidhnean uile. Tha stiùireadh an neach-comasachaidh agus notaichean gnìomhachd air an toirt a-steach ann an earrann nan notaichean air gach sleamhnag.

Tha an Stiùireadh "How To" ri fhaighinn an seo: [ceangal](#).

Tha an goireas seo a' toirt taic do chloinn is dhaoine òga ionnsachadh mu ghuth na h-òigridh agus còraichean chloinne agus an uair sin rannsachadh co-aoisean a dhèanamh air cuspair sam bith. Dh'fhaodadh na cuspairean a bhith a' gabhail a-steach ionnsachadh is teagasg, làthaireachd, ionnsachadh a-muigh no slàinte inntinn is sunnd.

Ma tha an cuspair air a thaghadh mu thràth, dèanaibh cinnteach gu bheil clann fiosraichte gu leòr gus làn chom-pàirt a ghabhail. Tha stiùireadh a bharrachd air seo anns na Stuthan Taice.




7 Riaghailtean Òra

Tha an goireas seo air a neartachadh leis na 7 Riaghailtean Òra airson Com-pàirteachadh bhon Choimiseanair Chloinne.

Fhaighibh a-mach tuilleadh mu na 7 Riaghailtean Òra an seo: [7 Riaghailtean Òra](#)

CHILDREN & YOUNG PEOPLE'S
Commissioner
Scotland




Clàr-innse - Pàirt 1

- **Roinn 1** – A' Tuigsinn Guth na h-Òigridh
- **Roinn 2** – Còraichean Chloinne
- **Roinn 3** – Ag obair mar Sgioba agus a bhith nan Luchd-rannsachaidh

Pàirt 2 (PowerPoint 2)

- **Roinn 4** – A' comharrachadh Cuspair agus Innealan Rannsachaidh
- **Roinn 5** – A' dèanamh Rannsachadh
- **Roinn 6** – A' dèanamh anailis air toraidhean agus Na Ceuman a Leanas



Roinn 1

A' Tuigsinn Guth na h-Òigridh

Anns an roinn seo ionnsaichidh sibh mu ghuth na h-òigridh agus carson a tha e cudromach.




Guth na h-Òigridh

Tha e glè chudromach gum bi inbhich ag èisteachd ri clann is daoine òga nuair a bhios iad a' dèanamh cho-dhùnaidhean a bheir buaidh orra.

Canar **co-chomhairle** ris an seo, agus bu chòir dha tachairt mus tèid co-dhùnaidhean sam bith a dhèanamh.

Tha fios againn gu bheil daoine òga uaireannan a' faireachdainn nach eilear ag èisteachd riutha, agus nach eil na beachdan aca air an gabhail dha-rìribh – tha sinn airson seo atharrachadh!



Ar Coimhearsnachd Ionnsachaidh

- Tha sgoiltean agus coimhearsnachdan air feadh Alba glè eadar-mheasgte.
- Chan eil ach àireamh bheag de chloinn is dhaoine òga ann an cuid de sgoiltean, agus tha còrr is 1,000 ann an cuid eile.
- An urrainn dhuibh smaoineachadh air cuid de chùisean a tha cudromach do chloinn is do dhaoine òga air feadh Alba?
- A bheil sibh a' smaoineachadh gu bheil daoine òga air feadh na dùthcha a' faireachdainn san aon dòigh mu na cùisean seo?



A' cruthachadh Cairt Guth na h-Òigridh

Tha còir aig clann is daoine òga gum bi an guthan air an cluinntinn air cùisean a tha cudromach dhaibh.

Is e aon dhòigh air dèanamh cinnteach gu bheil seo a' tachairt gu ceart cairt a dhèanamh a dh'innseas do dh'inbich mar a bu chòir co-chomhairle a chumail ri clann is daoine òga.

Dh'fhaodadh gu bheil Cairt Guth na h-Òigridh no Stiùireadh bhon Ùghdarras Ionadail air Guth na h-Òigridh aig an sgoil no a' bhuidheann coimhearsnachd agaibh mu thràth.

Tha eisimpleir de chairt roinneil à Gleann Foirthe agus Lodainn an Iar air an ath shleamhnag.



Cairt Guth na h-Òigridh Ghleann Fhoirthe agus Lodainn an Iar

Chaidh a' chairt seo a chruthachadh le clann is daoine òga Chlach Mhanainn, na h-Eaglaise Brice, Shruighlea agus Lodainn an Iar. Chaidh a chumadh le riochdairean bho structaran guth na h-òigridh agus chaidh fhiosrachadh le beachdan còrr is 650 neach thar nan ceithir ùghdarrasan ionadail.

Is iad na h-aithrisean seo na prionnsabalan air mar a tha clann is daoine òga airson gun tèid conaltradh a dhèanamh riutha, agus co-chomhairle a chumail riutha mu na beachdan agus na barailean aca.

Thoiribh spèis agus cothrom dhuinn - Bruidhnibh rinn gu socair agus na bithibh a' sgreachail. Gu modhail agus gu foighidneach. Gu snog agus gu coibhneil. Fuirichibh cothromach agus socair, a' toirt aire do ar faireachdainnean agus ar milleadh-dùil.

Pearsantaichibh ur dòigh-obrach - Thoiribh dhuinn am fiosrachadh air fad air a bheil feum againn. Bithibh soilleir air na tha sibh ag ràdh agus dèanaibh cinnteach gu bheil sinn a' tuigsinn. Smaoinichibh air an t-suidheachadh agus an àrainneachd far a bheil sibh a' bruidhinn rinn, an e àite math agus fàilteachail a th' ann far a bheil sinn a' faireachdainn comhfhurtail?

Beachdaichibh air na feumalachdan againn - Bruidhnibh rinn ann an dòigh a thuigeas sinn, na cleachdaibh cànan troimh-chèile. Dèanaibh cinnteach gun urrainn dhuinn làn-phàirt a ghabhail, a' smaoineachadh air an fheadhainn nach eil cho misneachail no aig a bheil feumalachdan taic a bharrachd.

Cuiribh luach oirnn agus seallaibh ùidh nar beachdan - Aithnichibh gu bheil a h-uile beachd dligeach agus luachmhor. Cuiribh sinn an sàs agus thoiribh ùine dhuinn ar beachdan a cho-roinn, na cuiribh às do ar beachdan. Seallaibh gu bheil sibh a' cur luach air ar beachdan, le bhith a' bruidhinn rinn mar a dhèanadh sibh ri inbheach eile. Dèiligibh rinn gu co-ionann agus gun a bhith eadar-dhealaichte no nas ìsle.

Èistibh gu gnìomhach - Èistibh rinn mar a dh'èistear sinne ribhse. Èistibh gu làn, a' feitheamh gus an crìochnaich sinn na tha sinn ag ràdh. Na bruidhnibh thairis oirnn agus na cuiribh bacadh oirnn. Na bithibh a' sireadh cuid de roghainnean seach feadhainn eile agus na bithibh a' faighneachd de na h-aon dhaoine fad na h-ùine, feuchaibh ri beachdan fhaighinn bho uiread 's as urrainn dhuibh.

Bithibh tuigseach agus gabhaibh sinn dha-rìribh - Tha sinn uile nan daoine fa leth, feuchaibh ri ar beachd a thuigsinn. Cuiribh ur claon-bhreith fhèin an dàrna taobh agus na dèanaibh breithneachaidhean oir tha ur beachdan eadar-dhealaichte bho na beachdan againne. Na dèanaibh barailean mu na tha sinn a' smaoineachadh agus beachdaichibh air ar sealladh fhèin. Bithibh mothachail air ar gnè / cùl-raon / cinneadh / creideasan agus suidheachaidhean.

Thoiribh ùine dhuinn airson smaoineachadh agus roinneadh - Tha feum againn air ùine airson tuigsinn agus obrachadh aig ar astar fhèin; thoiribh dhuinn diofar dhòighean gus ar beachdan a roinneadh agus an cothrom sin a dhèanamh. Faighibh a-mach na tha ag obair dhuinne, a' co-roinn bheachdan leotha fhèin no le daoine eile, gu prìobhaideach no gu poblach. Na cuiribh cus cuideam oirnn ach na cuiribh crìoch air an fhiosrachadh a bheir sibh dhuinn nas motha. Dèanaibh plana bruidhinn rinn agus na fàgaibh cùisean chun mhionaid mu dheireadh.

Dèanaibh brìghmhor dheth - Thoiribh dhuinn dùilean reusanta agus innisibh dhuinn carson a ghabhas/nach gabh rudeigin a dhèanamh. Bithibh brosnachail agus molaibh ar com-pàirteachadh. Minichibh mar a tha ar beachdan a' dèanamh diofar agus dè a dh'fhaodadh atharrachadh.

Gabhaibh gnìomh agus thoiribh fios air ais - Gnìomhaichibh a rèir na dh'innis sinn dhuibh agus innisibh dhuinn dè thachair mar thoradh air an sin. Minichibh e ann an dòigh a tha ciallach agus roinnibh seo ann an àiteachan dhan tèid sinn no ann an rudan air a choimheadas sinn. Thoiribh dhuinn fios-air-ais fìor agus leigibh leinn an aon rud a dhèanamh.

Is sinn co-obrachichean chan e comhairlichean - Obraichibh còmhla rinn mar chom-pàirtiche ann an dòigh fhìor agus cho-ionann. Seallaibh air ar beachdan uile mar an ceudna agus na leigibh le ur beachdan mar inbheach a bhith as làidire. Leigibh leinn co-dhùnaidhean a dhèanamh agus a bhith an sàs anns na gnìomhan a thèid a dhèanamh.

Buidheann Leasachaidh Guth na h-Òigridh Ghleann Fhoirthe agus Lodainn an Iar

Cairt Guth na h-Òigridh Againn

'S dòcha gum bi sibh airson an earrann seo a cheangal ri cairtean no aontaidhean guth òigridh sam bith a tha ann mar-thà taobh a-staigh na suidheachaidh – leithid cairtean seòmar-sgoile, sgoile no coimhearsnachd, no aontaidhean buidhne.

Mura h-eil cairt no aonta guth òigridh agaibh mu thràth, is dòcha gum bi sibh airson beagan ùine a chleachdadh san earrann seo gus fear a chruthachadh leis a' bhuidheann.

Gus tòiseachadh air cairt a chruthachadh - bruidhnibh ris a' bhuidheann air mar a bu thoil leotha gum biodh inbhich a' bruidhinn riutha nuair a bhios iad gam faighneachd am beachdan.

Mura h-eil cairt guth òigridh agaibh mu thràth – thoiribh sùil air an stiùireadh san Stiùireadh Buileachaidh agus cruthaichibh tè.

Cleachdaibh an sleamhnag seo gus iomradh a thoirt air cairtean no aontaidhean guth na h-òigridh sam bith a tha ann mar-thà taobh a-staigh an t-suidheachaidh – leithid cairtean no aontaidhean buidhne seòmar-sgoile, sgoile no coimhearsnachd.



A' cluinntinn ar guth

Bruidhnibh, tarraingibh, sgrìobhaibh no dèanaibh postair gus na ceistean seo a fhreagairt:

Carson a tha e cudromach do dh'inbhidh èisteachd ri clann is daoine òga?

Càite a bheil cothroman aig clann is daoine òga na smuainteanan agus na beachdan aca a chur an cèill?

Ar guth



Bhidio a Luchd-co-dhùnaidh...



Bhidio bho Phàrlamaid Òigridh na h-Alba

Far a bheil guth a' dèanamh eadar-dhealachadh



**Siubhal bus an-
asgaidh
dhaibhsan fo
aois 22**



**Pàrlamaid
Òigridh na h-
Alba**



**A' bhòtadh aig
aois 16**

Goireasan a bharrachd airson Roinn 1

'S e pròiseact a th' anns "An Dòigh Cheart" air a ruith le Pàrlamaid Òigridh na h-Alba (POA) agus air a mhaoineachadh le Aonad Chòraichean Chloinne Riaghaltas na h-Alba.

Tha e ag amas air taic agus dùbhlann a thoirt do dh'oifigearan agus luchd-co-dhùnaidh, mar luchd-dleastanais, gus dèanamh cinnteach gu bheil a' toirt urram do chòir dhaoine òga fo Artaigil 12.

[Home](#)[About](#)[Resources](#)[Experiences](#)

The Right Way to meaningful participation


From the Scottish Youth Parliament

[FIND OUT MORE](#)

Roinn 2

Còraichean Chloinne

Anns an roinn seo, cuiridh sibh seachad ùine ag ionnsachadh mu Chòraichean Chloinne agus an UNCRC.



Còraichean Chloinne



Còraichean Chloinne

Tha sinn airson gum bi a h-uile inbheach a' dèanamh cinnteach gu bheil a' beachdachadh air na smuaintean agus na beachdan agaibh agus gan gabhail dha-rìribh. Tha e glè chudromach gun tèid èisteachd ri daoine òga anns a h-uile cùis a bheir buaidh orra – 's e sin ur **còir**!




Còraichean Chloinne

Seo trì artaigilean sònraichte bhon UNCRC

Artaigil 3

Na buannachdan as fheàrr don leanabh



Feumaidh buannachdan na cloinne a bhith aig a' chiad àite anns a h-uile co-dhùnadh agus gnìomh a bheir buaidh air clann.

Artaigil 12

Spèis do bheachdan cloinne



Tha còir aig gach pàiste na beachdan, na faireachdainnean agus na miannan aca a chur an cèill anns a h-uile cùis a bheir buaidh orra, agus gum beachdaichear air na beachdan aca agus gun tèid an gabhail dha-rìribh.

Artaigil 13

Saorsa labhairt



Feumaidh saorsa a bhith aig gach pàiste na smuaintean agus na beachdan aca a chur an cèill agus cothrom fhaighinn air a h-uile seòrsa fiosrachaidh, fhad 's a tha e taobh a-staigh an lagha.

Carson a tha na còraichean seo cudromach?

Bruidhnibh, tarraingibh, sgrìobhaibh no dèanaibh postair gus a' cheist seo a fhreagairt:

Carson a tha na còraichean seo cudromach?



Fòcas air Artaigil 12

Tha na ceithir rudan gu h-ìosal cudromach airson Artaigil 12. Tha an t-artaigil seo ag ràdh gu bheil còir daonna aig clann is daoine òga gum bi na beachdan aca air an cluinntinn agus air an gabhail dha-rìribh.

Àite

Feumaidh cothroman sàbhailte, in-ghabhalach a bhith aig clann is daoine òga gus am beachdan a chruthachadh agus a chur an cèill.



Guth

Feumar clann is daoine òga a chuideachadh gus am beachdan a chur an cèill.



Luchd-amais

Feumar èisteachd ris na beachdan



Buaidh

Feumar dèiligeadh ris na beachdan, mar a tha iomchaidh

Còraichean Chloinne

Tha dà artaigil ann an UNCRC gu sònraichte mu fhoghlam, 28 & 29. Tha Artaigil 30 ann cuideachd airson clann thùsanach is mhìon-chuid. Tha an t-artagail seo cudromach airson clann ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus coimhearsnachdan Gàidhlig.

Artaigil 28: Tha còir aig gach pàiste air foghlam



28

Ge bith cò iad: ge bith dè an cinneadh, an gnè no an ciorram a th' orra; ma tha iad fo phrìosan, no ma tha iad nam fògarrach.

Artaigil 29: Tha còir aig gach pàiste air foghlam



29

A leasaicheas am pearsantachd, spèis do chòraichean chàich agus an àrainneachd.

Beachdan Chloinne is Dhaoine Òga air Foghlam

Ann an 2021/2022, dh'innis
clann is daoine òga do
Phàrlamaid na Cloinne,
Pàrlamaid Òigridh na h-
Alba, agus Alba Còmhla:

**Gnìomh
Deasbaid**

“Bidh foghlam a’
cuideachadh gus
mo phearsantachd
a leasachadh agus
a’ leigeil leam a
bhith nas fheàrr air
rudan agus tighinn
a-mach às mo raon
comhfhurtachd”

“Chan eil cothrom
agam mo
phearsantachd
cheart a nochdadh
san sgoil. Aig an
taigh bhithinn nas
àirde agus bhithinn
gam giùlain fhèin
ann an dòigh
eadar-dhealaichte.”

“Tha mi a’
smaoineachadh gum
feum sinn barrachd
ionnsachadh mu
chòraichean.
Dh’innis mo
theaghlach dhomh
rudan nach d’
ionnsaich mi a-
riamh san sgoil.”

“Is sinne na daoine
a tha air ar teagasg,
agus mar sin tha ar
guth agus ar fios-
air-ais cudromach.”

Beachdan Chloinne is Dhaoine Òga air Foghlam

Ann an 2021/2022, dh'innis
clann is daoine òga do
Phàrlamaid na Cloinne,
Pàrlamaid Òigridh na h-
Alba, agus Alba Còmhla:

**Gnìomh
Deasbaid**

“Bidh mo charaidean
agus mo thidsearan
gam bhrosnachadh
gus rudan a
dhèanamh nach
robh mi a’
smaoineachadh a b’
urrainn dhomh.”

“Tha cuid de dhaoine a tha
dèidheil air spòrs ann an PE
a’ sealltainn am
pearsantachd, agus tha an
fheadhainn a tha dèidheil
air sgrìobhadh a’ sealltainn
am pearsantachd
cuideachd. Ach chan fhaigh
an fheadhainn a tha
dèidheil air tarraing,
dannsa, seinn,
pearsantachd a shealltainn
ach aig àm fois.”

“Tha e gar teagasg dè
nach bu chòir dhuinn a
dhèanamh ri daoine
eile gus urram a thoirt
dha na còraichean aca.
Bidh sinn ag
ionnsachadh mu
chòraichean na cloinne
agus a’ cruthachadh
cairt clas a bhios ag
amas air diofar
artaigilean.”


“Is e na h-inbhich a
nì co-dhùnadh air
na dh’ionnsaicheas
sinn. Sin as coireach
nach eil e spòrsail.”

Còraichean Chloinne: dè (nach) bu chòir dèanamh

Coimheadaibh air a' bhidio seo bho Rannsachadh Phàrlamaid na Cloinne...
Mar a bhios Proifeiseantaich a' Dearbhadh Chòraichean




Goireasan a bharrachd airson Roinn 2



Young Scot

Gnìomhaich Do Chòraichean

*a' gabhail a-steach Bingo
Chòraichean*



Pàrlamaid na Cloinne

Sgeulachd Sandaidh

Roinn 3

Ag obair mar Sgioba agus a bhith nur Luchd-rannsachaidh!

Anns an roinn seo, nì sibh gnìomhan obair-sgioba agus caithidh sibh ùine a' smaoin eachadh mu bhith nur luchd-rannsachaidh.




Cunntaibh suas!

Mar bhuidheann, cunntaibh suas gu fichead le ur sùilean dùinte agus gun conaltradh sam bith eile.

Chan urrainn do dhaoine barrachd air aon àireamh a ràdh aig an aon àm, agus ma bhruidhneas dithis aig an aon àm, feumaidh a' bhuidheann tòiseachadh a-rithist!




Am b' fheàrr leat?




Tùr Ath-chuairteachaidh

Obraichibh ann an sgiobaidhean gus an tùr as àirde a thogail, a' cleachdadh dìreach na stuthan ath-cuairtichte.



Gnìomh Dòrn Fosgailte

A' lorg rudan a tha againn ann an cumantas mar bhuidheann!



Briseadh-deighe a bharrachd

Tha taghadh de ghnìomhachdan Brisidh-deighe aig clann ann an Alba an seo: Briseadh-deighe

Eadar-theangachadh Gàidhlig sna notaichean gu h-ìseal.

Icebreakers



Here at Children in Scotland we love an icebreaker. We use them when working with children and young people and at the start of a team meeting. They help groups get to know each other and bond, which is very important.

When online, they are a 'soft start' to the meeting. In some ways, they replace the grabbing of a coffee and chatting about the weather or television when walking into a meeting room.

Here are just a few of the ones we have enjoyed over the past couple of years. Some involve talking, some are a little more creative.

Think and share



If I had a million pounds

Participants share what they might do if they had a million pounds. A nice way to learn about people's interests and personality. Do they love cars? Horses? Are they into travelling? Are they charitable?



Where in the world...

This offers participants an opportunity to share favourite places and make recommendation to each other.

- It could have a local focus if people live in the same town/city.
- It could be suggestions of where in the UK we could/should visit. Interesting tourist places? Best views? Best pizza? Most spooky?
- Or if we could choose anywhere in the world to visit where would it be and why?

Dè nì sgioba mhath?

Bruidhnibh, tarraingibh, sgrìobhaibh no dèanaibh postair gus na ceistean seo a fhreagairt:

Dè nì sgioba mhath?

Dè a tha a' toirt air sgioba obrachadh gu math còmhla?




A' cruthachadh plana sgioba

Tha mòran phàirtean cudromach ann a bhith a' toirt air sgioba obrachadh.

Smaoinich mu...

- Cò?
- Dè?
- Carson?
- Cuin?
- Ciamar?



A Bhith Nur Luchd-rannsachaidh

'S e deagh dhòigh a th' ann an rannsachadh airson faighinn a-mach mu dhiofar chuspairean agus shuidheachaidhean.

Gus pìos rannsachaidh a dhèanamh, bruidhnidh sibh ri clann is daoine òga eile mu chuspair sònraichte gus faighinn a-mach dè tha iad a' smaoineachadh.

Tha seo a' ciallachadh gum bi barrachd chloinne is dhaoine òga a' faighinn cluinntinn mu chùisean a bheir buaidh orra.

Leis gu bheil rannsachadh a' faighneachd mu smuaintean agus bheachdan pearsanta, feumar dèiligeadh ris leis an **spèis** as motha.



Dè th' ann an spèis?

Bruidhnibh, tarraingibh, sgrìobhaibh no dèanaibh postair gus na ceistean seo a fhreagairt:

Dè tha spèis a' ciallachadh?

Cò ris a tha e coltach nuair a spèis aig daoine ort?

Dè th' ann an spèis?

"Tha spèis a' ciallachadh gu bheil thu a' gabhail ri cuideigin mar a tha iad, eadhon ged a tha iad eadar-dhealaichte riut fhèin no mura h-eil thu ag aontachadh leotha."

A bhith nur neach-rannsachaidh urramach


Nuair a thòisicheas sibh air pìos rannsachaidh, tha beagan rudan ri smaoineachadh...

Ciamar a chumas sibh fiosrachadh prìobhaideach sàbhailte?

Ciamar a chleachdas sibh am fiosrachadh a chruinnicheas sibh gu sàbhailte?


Cuimhnichibh, na atharraich na tha an dàta ag innse dhuibh – fiù 's mur a h-eil sibh ag aontachadh.

Chan urrainn dhuinn brìgh dàta atharrachadh!



Earbsa ann an rannsachadh

Tha earbsa cudromach ann an rannsachadh oir tha sibh airson gum bi daoine ag innse dhuibh gu h-onarach dè tha iad a' smaoineachadh.



Thèid earbsa a
thogail ann an
criomagan beaga.


Èisteachd mhath

*Ga ghabhail dha-
rìribh*

*A' cur luach co-ionnan air
beachdan a h-uile duine*


Earbsa ann an rannsachadh

Ciamar a thèid earbsa a
chall?



Cearcaill Buidhne Gnìomhachd Earbsa

- Seasaimh ann an cearcall
- Cuiribh ur làmhan air adhart le ur boisean a' coimhead ris an mhullach
- Dèanaibh dùirn le ur làmhan
- Sìnibh ur sgealbagan a-mach
- Thèid nì a chur air ur corragan
- Leigibh an nì sìos chun na talmhainn
- Na caill taic ris agus na leig às an nì!



Crogan Marbal an Earbsa

Inns dhuinn mu àm
nuair a choisinn
cuideigin **d'** earbsa



Inns dhuinn mu àm
nuair a choisinn **thu**
earbsa cuideigin

Feartan neach-rannsachaidh


Gnìomh



Mise mar neach-rannsachaidh?

Smaoinichibh OIRBH fhèin mar neach-rannsachaidh agus lìonaibh na bogsaichean gu h-ìosal...

Rudan a dhèanainn mar neach-rannsachaidh...



Rudan nach dèanainn mar neach-rannsachaidh...



Deiseil leis an roinn seo?

A-nis gluaisaibh air adhart gu Pàirt 2 agus tòisichibh air an rannsachadh!

